I. Peadar, 2[21]

"Oir is ann a dh'ionnsaidh seo a ghairmeadh sibh: do bhrigh gùn d'fhuiling Criosd, mar an ceudna, air 'ur son — a fagail eisimpleir agaibh chum gùn leanadh sibh a cheuman."

Iadsan a tha ann an seilbh air sochair cho luachmhor ri càirdeas Mhic Dhé, agus air 'na dhealraich — maitheas is coibhneas an Athar trid-san, is aithne dhaibh gu'bheil e mar fhiacaill orra an dìlseachd a dhearbhadh air a sgàth.

Iadsan a thug aoidheachd dha, agus a fhuair eòlas air, is air cumhachd aiseirigh, chan uallach leotha àitheanta a choimhead, is tha bhith iad màirnealach nàm fianuis. Tha dhuilt iad an treubhantas a dhearbhadh ann an cath na fìreantachd.

Gach neach air an do bhoillsg solus eòlais glòire Dhé tho' ghnùis a Mhic, tha iad deas chum an àite 'ghabhail,

is a sheasamh ann an comhraig a chreidimh.
Cha bhith dìth comais na misneich orra-san a tha deònach sin a dheanamh.
Tha pailteas cumhachd air a thasgadh chum gach neach a sgeadachadh airson a' ghnothaich.

I Chan e 'mhàin, ma ta, gun d'fhag Crìosd eisimpleir againn, ach rinn e ullachadh freagarrach chum ar deasachadh airson gach dleasanais a tha co-cheangailte ri seirbheis-a-rìoghachd.

Bu ghnothach dìomhain e a' bhith comharrachadh a mach beul-tadhail dhaibh-san aig nach 'eil toil na comas a ruigheachd.
Bhiodh sin coltach ri bàta 'chuir air sàile, is i gun chrann, gun seòl, gun bheairt na gun ramh.
Faodaidh an combaiste a cùrsa a nochdadh ceart gu leòir, ach gu de dha sin, ma tha am bàta air a luasgadh am measg nan tonn, gun

chomas aice a sròn a thogail an aghaidh sruth 'na gaoithe. Tha dean bàta 'san t-suidheachadh sin caladh ruinaichte dheth a chaoidh.

Agus co againn as urrainn crìoch àraidh a bheatha 'choimlìonadh gun chobhair Dhé? Co againn as urrainn e fhéin fhìreanachadh 'na fhianuis, 'na tha comasach air a bhith na shlanaighear dha fhéin?

Sgar am peacadh sinn o ar còirichean dligheach, agus dh' fhag e sinn nar fògaraich gun seòl air a chaladh bu chòir dhuinn a ruigheachd.

Mar a thuirt Pòl - "Co a shaoras mi o chorp a bhàis seo"?

Co a shaoras 'na sheasas ar càs ach esan a mhàin a ghabh ar n-uallach air a ghuaillaibh fhéin, agus a rinn réite air ar son tre fhuil a chroinn-cheusaidh?

Bha ainniseachd ar suidheachaidh cho éiginneach is gum b' fheudar do

Mhac Dhé ar n-àite 'ghabhail is a sheasamh.
Agus nach bu ghlòirmhor an dòigh air an d'rinn e sin?

Ma dh' fhag e éisimpleir againn chum gluasad 'na cheuman, cha d'rinn e dichuimhn air ullachadh fialaidh a dheanamh airson an adhbhair sin.
Tha beartas a bheatha féin, gu saor, an tairgse gach neach leis an àill a roinn deth a roghnachadh. Agus bidh roinn gach h-aon a réir tomhais a mhiann is iarrtais.

Tha lugha tiodhlaic Dhé dhuinn 'na 'Mhac féin - am Mac a tha sìneadh aoidheachd gach cridhe. Ma dh' fhosglas neach air bith an dorus dha, thig e 'steach, agus bithidh furtachd agus neart an cois a theachd.
Gheibh na h-uile a ghabhas ris cumhachd chum a bhith nan cloinn do Dhia. Cuiridh iad, mar aon ris

fhéin, an seilbh air fìreantachd Dhé.

Nach tigeadh e dhuinn a bhith uasal a leithid de Shlanaighear, agus gàirdeachas a dheanamh an gnàth, le cridhe taingeil, airson a bhearta treubhantais air ar sgàth?

Nam b'aithne dhuibh luach na tiodhlaic seo, agus am feum orra, ar leam nach biodh dàil na màille ann an rùn neach air bith chum a sealbhachadh?

Ach air cho fialaidh is gu 'bheil Dia – air cho luachmhor is gu 'bheil a "thiodhlaic do-labhairt" – gu dé dha sin mur 'eil déidh na deòin aig daoine orra!

"Nam b'aithne dhuit tiodhlaic Dhé, agus co e a tha 'g radh riut – thoir dhomh deòch, dh'iarradh tu airsan, agus bheireadh e uisge beo dhuit."

Tha an cead fhéin aig daoine 'san ghnothach chudromach seo. Ach ged a tha, saoilidh mi gur dìth

tuigse is breithneachnaidh a tha ceart air an duine a ni tàir na diìneasorra.

II Co dhuibh rinn Dia 'na ghabhadh deanamh as leth pheacaich; agus faodar a bhith cinnteach gur leòir na rinneadh leis chum a rùn sìorruidh a choimhlionadh.

Chan 'eil athleasachadh a dhith air a reachd. Oir "bha Dia ann an Crìosd a deanamh an t-saoghail réidh ris fhéin". A mheud a's a ghabhas ris a Mhac, tha iad a gabhail ris an Athair a chuir uaith e.

Agus a nis chan 'eil cuspair eile againn air am beachdaich sinn, coltach ri Iosa Crìosd ann an ceann a ghnothaich, mar Shlanaighear an t-saoghail.

Thugaibh fainear e 'tighinn a nuas a 'fàsach Iordain, an déidh a bhuaireadh, le 'inntinn cheana socraichte agus uidhichte air toil an Athar a dheanamh!

Seallaibh air air an rathad gu Calbhari, agus thugaibh fainear a

cheum is a thogradh a deanamh direach air a cheann-ionaid a roghnaich an t-Athair dha.

Bha adhbhar a thuruis air thalamh soilleir dha; oir cheannsaich e e fhéin, le uile bhuadhan, chum an obair a ghabh e os laimh a chriochnachadh a réir ordugh an Athar. Agus ar leam nach robh e, uair air bith, 'na bu mhaisiche 'na ghuilain, na bha e air dha seasamh fo chomhair a luchd-casaid.

An uair a thainig e am follais, is an crùn droighinn air a cheann, thuirt Pilat ris a chuideachd — "feuch an duine". Nach ann dha 'b' fhìor-ged nach do thuig e luach a bhriathran? Oir leithid Iosa cha do shaltair riamh air feur.

Togaibh suas suilean 'ur n-inntinn, is amhaircibh air an crochadh air a chrann. Eisdibh ri osnaidh chràiteich a throm-fhulangais —

a chridhe sgàineadh le dèuchainn is trì shuidheachaidh – agus sin uile air sgàth dhaoine ceannairceach.

Agus fhuair gach osnadh a dh'èireadh o chridhe an duine freagairt ann an osnaidh a ghràidh is e fulang air ar sgàth.

Ciod i ar barail air, ma ta, is dé an rùn ann a 'bheil sinn dha? An aithne dhuinn e mar Thighearna is mar Shlànaighear, air neo, a mhàin, mar fhear-teagasg iònraichte a bha comharraichte airson a 'bhàigh ri bochdan an t-sluaigh?

Ach chan i ar barail a tha dhith air – ach iomlachd tre chreideamh. "Is i seo toil an Tì a chuir uaith Mi gum biodh a bheatha mhaireannach aig gach neach a chì am Mac, agus a chreideas ann."

Dh'fhàg e eisimpleir againn, gun teagamh, ach shèulaich e cumhachd am pailteas. chuinn gùn

rachadh air na h-uile 'chreideas air a cheuman a leantainn.

Dh' fhosgail e tigh-tasgaidh an Spioraid dhuinn – tigh-tasgaidh as am faodair ùrachadh anama fhaotainn gach là.

Ach a thaobh sin, dh' earailich e gun bu chòir urnuigh a dheanamh a ghnàth is gun fhanachadh. Bha aoradh is ùrnuigh do-sheachanta leis fhéin.

"Agus thàrladh air dha a bhith ann an ionad àraidh ri urnuigh – an uair a sguir e – gun d' thuirt neach àraidh de dheisciobuil ris – a Thighearna teagaisg dhuinn urnuigh a dheanamh."

Ma bha an cleachdadh sin cho éiginneach dha-san am freagair e air a h-aon a tha creidsinn na 'ainm a bhith deanamh di-chuimhin air?

III 'Foghlumaibh uam-sa, agus leanaibh mise'. Tha e soilleir gur h-e

ùghdarras umhlachd a shìneadh is fhaighinn o na leanas e - air fad.
Bha a thagradh nacail fhéin ri' bhith air a chuir an céill troimh umhlachd.
"Air thainig Mi 'nuas o neamh, chan ann chum gun deanainn mo thoil féin, ach toil an Tì a chuir uaith Mi."
Tre 'ghràdh dón Athair, choisrig e 'bheatha chum "slighe nuadh agus bheo 'choisrigeadh" air ar son-ne.
Agus chuir e cudrom shìorraichte air cho ionchuidh is a bha e uidh agus dùrachd a nochdadh a ghràidh a thaobh ar coimhearsnaich.
"Cia i an àithne as mò 'san lagh" - fhoighnich fear-lagha dheth. "Thubhairt Iosa ris - gràdhaichidh tu an Tighearna do Dhia le t-uile chridhe agus t-uile anam, agus le t-uile inntinn. Is i seo a cheud àithne, agus an àithne mhòr. Agus is cosmhuil an dara rithe seo - gràdhaichidh tu do choimhearsnach

11

"mar thu fèin".                    ann an tomhas,

Tha a cheud àithne, fèin-shoilleir, ach chan 'eil daoine, an coitcheannas, ro-thoigheach air an dara àithne. Agus is i gin-suime dha 'taobh duilghead cho doirbh is a tha fàr comhair air an là-an-duigh. Aig an àm cheudna, ar leam, nach bith buaidh an t-Soisgeil cho buadhmhor is bu mhaith leinn cho fad is nach toirear a h-àite dligheach dòn dara àithne. Tha beatha is teagasg ar Slanaighear soillei gu leòir air a phuinc; agus tha e mar fhiacaibh air a chàirdean àitheanta a choimhead.

Agus is suarach an an gnothach e a bhith dèn bheachd gur leòir an spruileach a dhuiltear an saoghal iochdadh dha-san a ghràdhaich sinn is a thug e fèin air ar son.

Bithidh a bharail fhèin aige

(Criosd) orra-san nach 'eil, aonchuid, fuar na teth 'nàirùm dha, agus a tha daonnan furachail air eagal gun téid iad ceum nas fhaide maille ris 'na bu mhiann leotha.

"An tì nach glac a chrann-ceusaidh, agus nach lean mise, chan airidh ~~orm~~ e".

Cha bhith cuid na comh-roinn dèn t-Soisgeul aca-san a tha beò dhaibh féin, oir tha co-chomunn Chriòsd ag ciallachadh co-chomunn a bhith aig na leanas a cheumam ri càch-a-cheile.

"Is aon àrd-Mhaigstir a tha agaibh, Criosd: agus is braithrean sibh féin uile".

"Tha leibh féin sibh, oir cheannaichadh le luach sibh".